



## **Tàilleabhachd an Albainn Nuaidh – fad aona bliadhn’ deug.**

### **Ceann-latha – An Dàmhair 30, 2020**

*“Agus bheir mi fhathast gur robh an céilidh math airson aonachadh nan daoine airson an cumail ann an toileachadh agus gu robh e ‘gan cumail dlùth dha chéile ann an càirdeas agus ‘nam feòil agus ‘nan spioraid.”*

- Eòs Nìll Bhig, Sgeul gu Latha

#### **Cunntas**

Tha am prógram tàilleabhachd Bun is Bàrr fo rian Oifis Iomartan na Gàidhlig an Albainn Nuaidh. Gheibh luchd bruidhinn na Gàidhlig cothrom air cuideachaidh fhaighinn bho oideachan is sheanairean a chum sgilean cànan is cultair a leasachadh. Tha Bun is Bàrr an tòir air ginealach ùr de sheanachaidhean na Gàidhlig a chruthachadh: iadsan a bhios fìor eòlach air dualchas Gàidhlig na h-Albainn Nuaidhe. Tha trì nithean fainear dhaibh aig an aon àm:

1. Sgaoileadh na Gàidhlig tro chultar
2. Modhannan mar òrain, ceòl, sgeulachdan, dualchas, cleachdaidhean agus dannsa a thoirt air ais am beatha shòisealta nan Gàidheal an Albainn Nuaidh.
3. Fèineachd is co-chuimhne na Gàidhlig a thoirt air ais.

#### **Am Program**

Am bliadhna, bidh Bun is Bàrr a’ beachdachadh gu h-àraid air luchd-ionnsachaidh adhartach a bhios deònach barrachd cleachdaidh, stiùiridh agus chothroman fhaighinn

air cainnt ghnàthasach—a’ neartachadh am misneachd, ealantachd agus an sgilean cultural. Bidh tàillibhich ag obair comhla ri oideachan a tha barraichte mar luchd-teagaisg na Gàidhlig agus a cuid dualchais. Bidh na h-oideachan is na tàillibhich ag obair comhla agus air Zoom agus theid iad air chèilidh air seanair/ean a chaidh àrach ann an dachaigh no àrainneachd Ghàidhlig, ma bhios sin comasach. Cha bhi ach dithis anns an oideachas dhian agus spèisealach seo—ach faodar dithis no barrachd tàillibhich a ghabhail asteach ma’s èudar. Mura bi cothrom aca cèilidh comhla ri seanair, thathar a moladh gun cleachd na h-oideachan stuth air-loidhne mar Sruth nan Gàidheal, Cainnt mo Mhàthar no An Drochaid Eadarainn. Feumaidh oideachan is tàilleabhaich cunntas chunbhalach a chumail ri Oifis Iomartan na Gàidhlig.

### **Barantas nan Oideachan**

- Feumaidh oideachan a bhith fiòr fhileanta ann an cànan is cultar, agus feumaidh iad a dhearbhadh gu bheil dàimh laidir agus eòlas aca air a’ Ghàidhlig, a cultar agus a dualchas an Albainn Nuaidh.
- Feumaidh comas a bhith aig oideachan air program a dhealbhadh a bhios freagarrach air an luchd-ionnsachaidh. Bu chòir gum biodh iad air soirbheachadh a dhearbhadh ann an leasachadh cànan is comas chultaral an luchd ionnsachaidh.
- Feumaidh eòlas a bhith aig oideachan air farsaingeachd na Gàidhlig an Albainn Nuaidh agus bu chòir gum biodh iad gu math deònach air a bhith cèilidh agus a’ comhradh ri seanairean mu chuspairean anns am bi ùidh aca.
- Bidh barrachd sùil ri oideachan a bhios a’ fuireach faisg air seanair aig a bheil Gàidhlig agus a bhios measail air luchd-ceilidh. Feumaidh oideachan cumail ri riaghailtean Covid-19.
- Feumaidh oideachan a bhith cleachdadh beul-aithris Gàidhlig na h-Albainn Nuaidhe agus a bhith eòlach air tionalan air-loidhne. Bidh iad a’ tar-sgrìobhadh, a’ teagasg agus a’ sgaoileadh beul-aithris ’nan cànan is ’nan cultar aig an dachaigh agus anns a’ choimhearsnachd.
- Feumaidh oideachan a bhith deònach obrachadh comhla ri tàillibhich ’s an dachaigh, a’ deanamh rudan mar deasachadh bidhe agus obair amuigh ’s astaigh.
- Feumaidh comas a bhith aig oideachan a thaobh sgilean air-loidhne mar Skype no Zoom.

### **Riatanais**

- Feumaidh oideachan dà uair a chur asteach ann a bhith cur air dòigh amannan, gnìomhachd agus ceum ionnsachaidh fad dheich seachdainean a’ phrògram.

- Feumar coinneachadh ri manaidsear-prógraim Bun is Bàrr chum sùil a thoirt air plana nan deich seachdainean.
- Feumar cóig uairean 's an t-seachdain a chur seachad comhla ri tailleabhach, far nach bidh ach Gàidhlig air a cleachdadh.
- Bheir oideachan na tàillibhich leotha air chéilidh air seanairean nan dachaigh.
- Feumaidh oideachan sùil a chumail air adhartas nan tàillibheach agus cunntas a thoirt do Oifis na Gàidhlig nuair a thig crìoch air a' phrogram.

### **Doigh Iarrais**

Feumaidh oideachan aig a bheil ùidh an seo cunntas obrach no litir a chur gu Oifis Iomartan na Gàidhlig [Kelly.Schlay@novascotia.ca](mailto:Kelly.Schlay@novascotia.ca) agus na ceistean a leanas a fhreagairt.

Innis mar a tha thu freagarrach airson na seachd Barantais Oideachaidh gu h-àrd. Fiach gum freagair thu gach puing air leth agus cuir sìos àireamh a bhios a freagairt air gach puing:

Nuair a bhios tu toirt cunntas air gach puing, faodaidh tu naidheachd innse a bhios ceangailte ris na molaidhean gu h-ìosal—bheir seo seallaidh dhuinn air bun-stèidh d'obrach.

- Innis dhuinn mu dheidhinn tachartas an lùib cultar na Gàidhlig a thug buaidh laidir air an ionnsachadh agad fhèin. Có bha cuide riut? Càit an robh thu? Dè thug buaidh ort aig an àm? Ciamar a lean seo riut ann a bhith a' teagasg?
- Innis dhuinn mu dheidhinn àm 'nad theagasg fhèin nuair a thuig thu gun robh fìor sgilean brosnachaidh agad chum a' Ghàidhlig agus a' cultar a sgaoileadh. Có bha cuide riut? Càit' an robh thu? Dè thug buaidh ort aig an àm?
- Innis dhuinn mu dhéidhinn dùbhlàn a thachair riut nuair a bha thu ri oideachadh. Ciamar a fhuair thu buaidh air?
- Ciamar a tha thu 'gad fhaicinn fhéin ann an leasachadh na Gàidhlig 's an àm ri teachd an Albainn Nuaidh?

An lùib an iarrais, tha sinn a' moladh gun ainmich oideachan feadhainn a bu dòcha bhith 'nan tàillibhich airson na bliadhna seo. Bheil fios agad air neach sam bith aig an biodh ùine, deòin agus dìchioll airson crìoch a chur air gach uair dhen phrògram? Cuimhnich gu bheil sinn deònach oideachan a chruthachadh airson programan Bun is Bàrr 's an àm ri teachd.

## **Tuilleadh fiosrachaidh**

Bidh Bun is Bàrr a' dol air adhart fad dheich seachdainean, a' tòiseachadh 's an Fhoghar seo. Ma bhios buidhnean ag obrachadh gu math còmhla, agus ma bhios airgid ri làimh, bheir sinn sùil air am prògram a leudachadh.

Gheibh oideachan \$2,640 a bhios a' gabhail a-steach: cóig uairean oilein le tàilleabhach fad dheich seachdainean; aon uair deasachaidh gach seachdain; dà uair comhla ri tàillibhich aig toiseach a' phrògram airson plana chur air bhonn; dà uair airson sùil a thoirt air a' phlana agus doigh ionnsachaidh a chruthachadh dhan tàilleabhach; cunntas air an obair a chaidh a choilionadh leis an tàilleabhach (gheibhear teamplaid airson seo)

Feumaidh tagraichean a dhol tro sgrùdadh a thaobh na roinne dìblidh.

**Ceann-latha, An Dàmhair 30, 2020**

**Ma tha ceistean agaibh, nach cuir sibh brath gu Frangac NicEachainn aig (902) 945-2635 no [Frances.MacEachen@novascotia.ca](mailto:Frances.MacEachen@novascotia.ca)**